Blair 450

MU DHOCHAS RI AITHREACHAS 'S AN AM RI TEACHD.

(BHO LITIR ATHAR A CHUM A MHIC.)

Tha mi 'faicinn bho d' litir mu dheireadh gu bheil thu, mar a's bitheanta leosan a fhuair àrach diadhaidh a bhi, fo dheadh dhòchas: ach an àite an seorsa dòchais a th' agad a thoirt comhfhurtachd dhomhsa, 's ann a tha e 'cur mulaid orm. Oir, ciod e do dhòchas? Cha-n 'eil thu ag ràdh gu bheil còir agad *'s an àm* air geallanaibh an t-soisgeil, ach gu'm feud e bhi *gu 'm faigh thu còir orra ri h-uine!* No, ann ad bhriathraibh féin, "Tha dòchas agam nach eil mo chridhe air a chruadhachadh cho mòr 's nach faod mi fathast aithreachas a ghabhail."

Bho na briathra so, ma tha misè 'g an tuigsinn gu ceart, tha thu ag aideachadh gur ni cudthromach creidimh slàinteil, agus gur peacach caillte thu féin as 'eugmhais? Mur eil so mar so, c' ar son a bhiodh "*dòchas*" agad a bhi'n seilbh air creidimh, no c' ar son a chuireadh e bruaillean ort dàil a chur ann, agus sin gu siorruidh?

Mo leanabh ionmhuinn! ma tha creidimh 'n a ni cho cudthromach c 'ar son a chuireadh duine dàil idir ann? Am bheil ni air bith a ghabhas leisgeul neach air son a dheanamh? Mar chaidh a ràdh, "Ma's ni air bíth creidimh 's éigin gur h-e na h-uile nithe e,"—Ma tha e idir airidh, tha e *uile*-airidh,—Ma's dù dha cùram a chur oirnn àm air bith ri teachd, s dù dha cùram a chur oirn *a nis.*

Cha'n'e so amhàin, ach, ann a bhi 'cur dàil ann an aithreachas, agus an nuadhachd caíthe-beatha, tha thu 'cur romhad buanachadh fathast ann am peacadh! Ma tha thu 'rùnachadh aithreachas a chur uait car aon bhliadhn' eile, 's ionann e 's a ràdh "cogaidh mi aon bhliadhna eile an aghaidh Dhé."—An aghaidh an Dia a chruthaich thu —an aghaidh a mhaítheis—an aghaidh a thròcair—an aghaidh gràidh do-labhairt a Mhic, Iosa,—an aghaidh cogarsaich an Spioraid Naoimh! Aon bhliadhna eile! Cha leig do chridhe leat a leithid do rùn suidhichte 'dheanamh; agus, air an làimh eile, 's ionann dàil a chur ann an creidimh agus a leithid a dheanamh!

Ach ciod a tha 'toirt misnich dhuit rùn cho mì-chéillidh a dheanamh ri dàil a chur ann an aithreachas? Nach e so e; tha Dia maith, tha thu 'smuaineachadh, agus cuiridh e suas leat ged ghabhas tu romhad ann am peacadh? Mar b' iad so do smuaintean, cha bhiodh de dhalmachd agad leanailt romhad car aon mhionaid. Nan creideadh tu gu 'm briseadh e 'mach an corruich, agus gu 'm buaileadh e marbh thu an ath pheacadh ladurna 'chuireadh tu'n gniomh, bhiodh gairisinn ort peacachadh. Ach am bheil e ceart—am bheil e céillidh brath a ghabhail air maítheas Dhe? Nach e 'mhaitheas agus a ghràdh a bu chòir, thar gach ni eile, ar leaghadh sios gu umhlachd, agus taingealachd, agus gràdh?

Ach thigeamaid gu freumh an *dòchais* air am bheil thu, mo leanabh, a' labhairt. "Tha *dòchas* agad nach 'eil do chridhe air a chruadhachadh co mòr 's nach feud thu *fathast* aithreachas a ghabhail." A nis, mo leanabh, ciod is ciall do aíthreachas a ghabhail? Nach cil e 'ciallachadh dorran a bhi air neach bho ghrùnnd a chridhe air son peacaidh—fuath a thoirt da le 'uile anam—bròn, agus caoidh, agus tuireadh, agus cràdh? So a nis suim do dhòchais-sa, tha thu' cur an gniomh a nis ni a tha dòchas agad a bheir dhuit cràdh-cridhe, bròn, agus seirbhe-anama là no là-eigin! Cnuasaich so, a mhic, agus abair ma tha a' ghné *dòchais* so glic? Ciod a' bharail a bheireadh tu air neach a chitheadh tu gu dùrachdach, dichiollach a leanailt oibre shaoghalta air bith, agus ré na h-ùine ann an *dòchas* gun tigeadh i gu briseadh-cridhe, agus cràdh-anama mu'm fagadh e'n saoghal? No ciod a theireadh tu ri fearturuis a chitheadh tu le 'dheòin a' dol thar an rathaid, 's e làn fhiosrach mu'n ruig e ceann a thuruis gu'm feum e na h-uile ceum a dheanamh air ais le gul agus deoir? Nach abradh tu gu'n robh e as a chéill; gidheadh is ionann so agus do *dhòchas-sa!*

Ach ciod e, a leinibh mo chridhe, ris am bheil do *dhòchas* gu'm feud thu aithreachas a dheanamh 'n uair a thoilicheas tu an crochadh? Cia mar a dhearbhas tu gu'n tig an latha gu bràth a bhios tu ni's deise—ni's toiliche aithreachas a dheanamh na tha thu 'n diugh? Am bheil thu 'deanamh miodal riut féin gu'm faigh thu

LIBRARY D 30 MY

meadhonan a's cumhachdaiche na th' agad a nis? Ciod na meadhonan a's cumhachdaiche tha uait? * * * * * * * * Am bheil thu 'smuaineachadh gu 'm bi do chridhe na's *maoithe*, agus gu 'n dean na meadhonan ceudna feum an uair a d' fhàsas tu aosda? Nach' eil fhios agad, a mhic chaoimh, gur ann tha 'n cridhe a' cruadhachadh gach là ma tha sinn a' cur cùl ri meadhonan, agus a' deanamh dearmad air sochairean? Nach 'eil thu a' mothachadh gu bheil d' aignidhean gach là a'fàs na 's marbhanta, agus d' anam na's cruaidhe agus na's neo-mhothachaile? Nach ann is aobhar eagail e, uime sin, na ceart mheadhonan a tha 'drùghadh ort a nis, nach dean iad sgath ort an a uair ruigeas tu aois? Cha'n urrainn gu bheil thu 'smuaineachadh mar a's faide 'chuireas tu dàil, agus a's mò 'pheacaicheas tu, gur ann a's lugha 'bhios do ghreim aig a' pheacadh air d' aignidhean,—gur ann a's lugha a chumhachd air d' anam? Tha reusan againn a chreidsinn gur ann calg-dhìreach an *aghaidh* so 'bhios a' chùis: Tha cleachdanna peacach a' gabhail frèimh, agus a' daingneachadh,—tha na dorsan a chum buaireadh a leigeadh a steach a' fàs ni's farsuinge agus ni's farsuinge,—tha Sàtan 'g ad theannachadh ni's mò agus ni's mò 'n a ribe, agus tha'm balla-dealachaidh eadar thu agus Dia a' fàs gach là ni's àirde agus ni's tiuighe. Tha d' fhiachan do *cheartas* ag at suas mar bheinn, agus *aithreachas* a' fàs gach là, agus uair, ni's cruaidhe, agus ni's duilghe. 'S e suim dòchais uime sin, a reir do dhòchais-sa, gu 'm bi Dia '*n a dhéigh so* ni's bàigheile na tha *e 'nis.*

* * * * * * *

Ach, gu co-dhunadh; mo leanabh caomh (oir ged tha mo chridhe làn, 's éigin tighinn gu crìch) a leinibh mo chuim, c'àit am bheil gealladh agadsa air là eile an déigh an là an diugh? Ma 's e 's gu'n abair thu "fanaidh mi gu sàbaid eile," c'àit am bheil do bharantas gu'm faic thusa grian na h-ath shàbaid? Feudaidh i éiridh 'n a mòrachd nàdurra mar a 's àbhaist, ach theagamh nach faic i dhiotsa ach am ploc a th' air d'uaigh! 'S beag a tha smuain againn am measg cùraim agus ùpraid an t-saoghail so, cho gèarr agus neo-chinnteach 's a tha ar beatha! Tha'n òigridh gu h-àraidh ullamh air miodal a

dheanamh riu féin, gu'm faic iad sean aois, agus, uime sin, air tighinn beò mar nach biodh bàs mar astar mòr dhoibh. 'S éigin domh aideachadh gu bheil uiread barantais agadsa air laithibh fada 's a th' aig aon de d' chompanaich; ach ciod e am barantas so? Faodaidh gu'n deach' an spàlan cheana troimh 'n bheirt a tha 'figheadh do léine-bhàis,—faodaidh gu bheil am fiodh air a shàbhadh, 's air a thiormachadh, a ni do chiste,—faodaidh gu bheil casan na muinntir a dh' àdhlaic do choimhearsnach aig an dorus a chum thusa mar an ceudna 'ghiulan a mach 'n ad chorp marbh! An àite so, mata, chum dàil a chur ann a bhi réidh ri Dia? An saoghal so gu uair bàis a chur fada uainn? Cha'n eadh, mo leanabh caomh, d' am bheil gràdh agam mar m' anam féin; cha 'n eadh, cha 'n eadh; 's eigin duit aideachadh nach eadh! C' ar son, mata a dheanadh tu dàil,—c' ar son a rinn thu dàil,—c' ar son a ta thu fathast a' deanamh dàil? Ach feumaidh mise sgur, ged nach 'eil fhios agam c'àit an sguirinn nam faighinn mo mhiann. Na di-chuimhnich, mata, ma ni thu tàir air an rabhadh so, nach faigh thu gu bràth rabhadh a's sòluimte uamsa,—agus ma's e 's nach beò mise gus d' fhaicinn, no gu earail eile sparradh ort, cuimhnich gur i so mo dhìlib. Chunnaic mi nis iomadh latha, an dòchas, tre thròcair Dhia, ann an Iosa Criosd, gu'n seas mi 'n aithghearr air deas-làimh mo Bhreitheimh: guidheam ortsa a mhic, as uchd Dhia, coinnich thusa an sin mi! Na tugadh an saoghal, no gnothaichean an t-saoghail d' inntinn bhàrr a' chuspair so,—iarr *air tùs* rioghachd Dhê agus 'fhìreantachd. Iarr iad A' NIS, seadh A' NIS, am feadh a's e an là taitneach, là na slàinte e:—A' NIS, am feadh a tha namhaid d' anama fo gheilt gu 'm bris thu a ribe;—A' NIS, am feadh a tha 'n caraid as fearr a th' agad air uachdar an t-saoghail a' guidhe gu dùrachdachd leat, agus air do shon;—A' NIS, am feadh a ta slògh nan neamh a' feitheamh gu iolach a thogail ri d' aithreachas. O! mosguil á cadal a pheacaidh—crath dhiot an trom-lighe sin—creid anns an Tighearn' Iosa,—pill ri carraig do shlàinte.

LONDON: THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.
[*Price* 1*s. per* 100.]